Bheil an t-slàint' ac' aig an taigh?	Are they in health at home?
Cha-n 'eil dad a' cur orra.	Nothing ails them.
Bheil thu falbh, mar tha?	Are you going away already?
Bithidh e cho math.	It will be as well.
C 'arson nach fhuirich thu?	Why won't you stay?
Tha cabhag orm.	I am in a hurry.
Greas ort air t'ais, ma ta.	Haste you back, then.
-Beannachd leat.	} Good-bye.
Slan leat.	
'Bheil fios agad cia mèud uair a ta e?	Do you know what o'clock is it?
Tha e leth uair an deigh dà uair.	It is half-past two o'clock.
An e so an rathad?	Is this the way?
Cha-n e, 's e so e.	No; this is it.
Trothad a nall an so.	Come over here.
Coma leam.	I don't want to.
Leigibh le mo chù.	Let my dog alone.
Iarr air a' bhi sambach.	Bid him be quiet.
Leigibh as e.	Let him go.
Falbh a luidhe.	Go to bed.
Bi sgiobalt—clis.	Be quick—smart.
Cuir dhiot—umad.	Undress—dress.
Tha e cur an t-sneachda.	It is snowing.
Nach 'eil thu tighinn a staigh?	Are you not coming in?
Ma 's e do thoil e.	If you please.
Bheil a' bhean aig an taigh?	Is the lady (wife) at home?

Tha mi 'n dùil gu bheil.	I think she is.
Fàilt oirbh, a Dhonnchaidh.	Hail to thee, Duncan.
Fàilt oirbhse! bheil sibh beò fhathast?	Hail to you, are you alive yet?
Tha, fhathast.	Yes, yet.
Am faigh mi deoch uat?	Can I get a drink from you?
Gheibh, gu toilichte.	Yes, with pleasure.
Gu'n robh math agad.	Thank you.
'S e do bheatha.	You are welcome.
Tha la briagh ann.	It is a fine day.
Tha sin ann.	It is.
Tha e car fuar.	It is rather cold.
Tha beagan reothaidh ann.	It is a little frosty.
Cha mhisd' e.	It will be none the worse.
Tha e coltach ris an uisge.	It threatens to (is like) rain.
Cha chreid mi gu'n dèan e mòran an diugh.	I don't believe it will rain much to-day.
An aithne dhuit am baile so?	Do you know this town?
Cha-n 'eil mi eòlach san àite so.	I am not acquainted in this place.
Bi falbh.	Go away.
Ciod a tha tigh'n riut?	What ails you?
Cha bhuin sin duit-sa.	That does not concern you, that is not yours.
An cum thu cuideachd rium?	Will you bear me company?
Is glé thoigh leam an dùth-aich so.	I like this country very much.
A reir mo bharail-sa.	In my opinion.
Tha mi duilich airson sin.	I am sorry for that.
Cha-n urrainn domh a leasachadh.	I can't help it.
A' bheil Gàidhlig agad?	Do you know (have you got) Gaelic?
Bheil thu g'am thuigsinn?	Do you understand me?
Ciod is ciall do'n fhocal so?	What is the meaning of this word?
Chuireadh tu comain orm.	You would oblige me.
Tha mi 'ad chomain.	I am obliged to you.
La math dhuit.	Good day.
Oidhche mhath leat.	Good-night.
Mar sin duibh.	I wish you the same.

54  
POETRY.

CEAD DEIREANNACH NAM BEANN.

Bha mi'n dé 'm Beinn-dòrain,  
'S na còir cha robh mi aineolach,  
Chunna' mi na gleanntan  
'S na beanntaichean a b'aithne dhomh ;  
B'e sin an sealladh éibhinn  
Bhi 'g imeachd air na sléibhtibh,  
'Nuair bhiodh a' ghrìan ag éiridh,  
'S a bhiodh na féidh a langanaich.

'S aobhach a ghreidh uallach,  
Nuair ghluaiseadh iad gu farumach,  
'S na h-éildean air an thuaran,  
Bu chuannar na laoigh bhallach ann ;  
Na maoslichean 's na ruadh-bhuic,  
Na collich dhubha 's ruadha,  
'S e 'n ceòl bu bhinne chualas  
'Nuair chluinnt' am fuaim 's a chamhanaich.

Ged tha mo cheann air liathadh,  
'S mo chiabhagan air tanachadh,  
'S tric a leig mi mial-chu  
Ri fear fiadhaich, ceann-ardach.  
Ged bu toigh leam riamh iad,  
'S ged dh' fhaicinn air an t-sliabh iad,  
Cha teid mi nis g'an iarraidh  
O'n chaill mi trian na h-analach.

Mo shoraidh leis na frìthean,  
O's mìorbhailteach na beanna iad,  
Le biotair uaine 's fìor-uig,  
Deoch uasal, rìomhach, cheanalta ;  
Na blàran a tha prìseil,  
'S na fàsaichean tha lìonmhor,  
O's àit' a leig mi dhìom iad,  
Gu bràth mo mhìle beannachd leo !

55  
VOCABULARY.

The changes in the termination for the Gen. Singular and Nominative Plural of Nouns, for the Comp. Degree of Adjectives and for the Indicative Future and Infinitive of Verbs are indicated.

aghaidh, ean, *f.*, a countenance.  
àicheadh, idh, áicheadh, *v.*, deny.  
aidich, idh, eachadh, *v.*, confess.  
aillidh, *adj.*, beautiful.  
aighearach, *adj.*, merry.  
aimsir, aimsire, ean, *f.*, time, season.  
aineolach, aich, *adj.*, ignorant, unacquainted.  
aineolas, ais, *m.*, ignorance.  
ainmich, idh, eachadh, *v.*, name.  
ainmig, *adv.*, seldom; *adj.*, rare.  
air, *prep.*, on; thig air, *v.*, befall.  
air ais, *adv.*, backwards.  
air feadh, *comp. prep.*, among, through.  
air tùs, *adv.*, at first.  
àird, *m.*, a point of the compass.  
àirde, ean, *f.*, height; an àird, *adv.* (with motion) up.  
àireamh, an, *f.*, number.  
àireamh, idh, *v.*, number.  
airgiod, id, *m.*, money.  
àitich, ichidh, eachadh, *v.*, inhabit.  
aithne, *adj.*, known; *n. f.*, knowledge.  
aithris, idh, *v.*, rehearse, repeat.

àld, uild, } *m.*, a stream, a  
allt, uillt, } burn. *adv.*  
amadan, ain, an, *m.*, a fool  
fool.  
amhairc, aircidh, arc, *v.*, look. *sallow*  
amhuil, *adv.*, as.  
a mach, *adv.*, out; a mach *e. maez*  
as, *prep.*, out of.  
anail, analach, anailean, *f.*, *anal*  
breath.  
anam, an, *m.*, a soul, spirit. *ene*  
anamoch, uich, *adj.*, late. *divozha*  
an, as a prefix, means not.  
an déigh, *prep.*, after.  
an tràths' } *adv.*, now. *bremar*  
an dràs'd }  
annas, ais, asan, *m.*, novelty.  
a nàll, *adv.*, across (to this  
(side).  
a nùll } *adj.*, over (to the  
a nùnn } other side).  
an nochd, *adv.*, to-night. *fenoz*  
a nuas, *adv.*, down (towards  
the speaker).  
an raoir, *adv.*, last night.  
an uiridh, *adv.*, last year.  
aobhach, *adj.*, pleasant.  
aobhar, an, *m.*, cause, reason.  
aodach, ich, ichean, *m.*,  
clothes.  
aodann, ainn, an, *f.*, a  
face  
aoibhneas, is, *m.*, delight.  
aois, ean, *f.*, age.  
aonach, aich, aichean, *f.*, a  
moor, a plain.



bara aran, ain, m., bread.  
 arbhar, air, m., corn.  
 àrd, àirde, adj., high.  
 astar, air, astraichean, f., a way; air astar, away.  
 at, aidh, v., swell.  
 ath-ùraich, aichidh, achadh, v., refresh.  
 baile, tean, m., a town.  
 -bainne, m., milk.  
 bàna, bàine, adj., fair, pale.  
 ballach, aiche, adj., speckled.  
 -bàrd, bàird, m., a bard, a poet.  
 bàs, bàis, an, m., death.  
 bàta, ichean, m., a boat.  
 -bata, ichean, m., a staff.  
 bàth, aidh, adh, v., drown.  
 bean, mna, mnathan, f., a wife.  
 bean, aidh, tuinn, v., touch.  
 beann, gen. plur. of beinn.  
 beannachd, an m., blessing.  
 beartas, ais, w., wealth.  
 beathail, e, adj., lively, vital.  
 beinn, e, gen. pl. beanna, bean-tan or taichean, f., a mountain.  
 beir, irreg. v., lay hold, bear, overtake.  
 beud, an, m., blemish.  
 -bha, was, were.  
 bheir air, will cause.  
 biadh, beidh, an, m., food.  
 binn, e, adj., sweet, melodious.  
 biolair, e, ean, f., water-cress.  
 blàr, an, m., a moor.  
 blàth, blàith, adj., warm.  
 blàths, blàiths, m., warmth.

bleideil, e, adj., importunate.  
 bliadhna, achan, f., a year.  
 bó, bóine, f., a cow.  
 bochd, adj., poor.  
 bog, aidh, adh, v., dip, saturate. [female].  
 boirionnach, aich, m., a borb, buirbe, adj., fierce.  
 Bréatann, ainn, Britain.  
 briathar, air, ran, m., a word.  
 bris, idh, eadh, v., break.  
 briste, adj., broken.  
 bròn, in, m., sorrow.  
 brònach, aiche, adj., mournful.  
 bruidhinn, dhnidh, v., speak.  
 buain, idh, v., reap, cut, cull.  
 buar, m., cattle.  
 buidheachas, ais, m., thanksgiving.  
 buin, idh, v., touch, meddle with, belong.  
 buntàta, m., a potato.  
 bùrn, bùirn, m., water.  
 càch, ich, pron., the rest, the others.  
 caidil, lidh, cadal, v., sleep.  
 caill, idh, call, v., lose.  
 caillteach, iche, adj., disastrous, losing.  
 cainnt, ean, f., language, speech.  
 càirdeil, e, adj., friendly.  
 càise, an, m., cheese.  
 c'àite? adv., where?  
 camhanach, aich, f., dawning.  
 caochan, ain, an, m., a rivulet.  
 caoimheileachd, an, f., kindness.  
 caol, ile, adj., thin, slender.

car, cuir, m., a twist, a turn; cur car de, v., turn, revolve.  
 caraid, càirdean, m., a friend.  
 cas, coise, an, f., a foot.  
 c'è? pron., which? what?  
 ceann-ardach, aich, adj., high-headed.  
 ceanalta, adj., gentle.  
 ceannach air, dearly bought.  
 ceart, adj., right, just.  
 ceartas, ais, m., justice.  
 ceileir, e, ean, m., music, warbling.  
 céin, adj., distant.  
 ceò, than, m., mist.  
 ceòl, ciùil, an, m., music.  
 ceudna, adj., same.  
 ceum, an, m., a step.  
 chaidh, adv., ever (future).  
 chualas, impersonal verb—(people) have heard.  
 cho, adv., so, as.  
 chum, prep. and adv., towards, to.  
 ciabh, an, f., a lock of hair.  
 ciabhag, aig, an, f., a small lock of hair.  
 cia? pron., which? what?  
 cinnteach, iche, adj., sure.  
 ciod? pron., what?  
 ciùin, e, adj., mild.  
 clach, cloiche, an, f., a stone.  
 clann, cloinn(e), m. and f., children.  
 claoidh, idh, v., subdue.  
 cli, adj., wrong, left.  
 clisg, idh, eadh, v., start.  
 cliù, than, f., fame, praise.  
 clos, is, an, m., a rest.  
 cluas, aise, an, f., an ear.

cluinn, idh, tinn, v., hear.  
 cnoc, uic, m., a hill.  
 codal, ail, an, m., sleep.  
 cogadh, aidh, aidhean, m., war.  
 coileach, ich, m., a cock.  
 coimhead, aidh, v., look.  
 coinneal, nne, lean, f., a can.  
 coinneamh, imh, f., a meeting.  
 còir, presence, proximity.  
 coire, achan, m., a hollow.  
 comhairle, an, f., an advice.  
 còmhdaich, aich, achadh, v., cover.  
 còmhnuich, idh, v., dwell.  
 co-sheirm, f., a chorus, a choir.  
 còs, is, an, f., a cave.  
 cosmhuil, adj., like.  
 còta, ichean, m., a coat.  
 crann, inn, m., a plough, a tree, a mast, a bar.  
 creid, idh, sinn, v., believe.  
 creutair, ean, m., a creature.  
 crìoch, ich, ochan, f., an end.  
 cruthaichte, adj., created.  
 cuain, antan, a sea, an ocean.  
 cuairt, ean, f., a round.  
 cuannar, aire, adj., elegant.  
 cuid, codach, f., a portion, property, some.  
 cuileag, ig, an, f., a fly, an insect.  
 cuilean, in, an, m., a whelp.  
 cuir, idh, cur, put, sow, send; cur an ceill, declare.  
 cùl, il, an, m., a back.  
 cum, aidh, ail, v., keep hold; cum suas, uphold.  
 cumbachd, an, f., power.  
 cùntas, ais, an, m., an account.

dàn, a *adj.*, bold.  
 daonnan, *adv.*, always.  
 dearcag, aig, an, *f.*, a berry.  
 dealbh, aidh, *m.*, shape, form.  
 deas, south.  
 deoch, an, *f.*, a drink.  
 deur, òir, *m.*, a tear.  
 deireadh, idh, *m.*, end.  
 deireannach, *adj.*, last.  
 do, *prep.*, to; thig do, *v.*, suit, become.  
 do bhrìgh, *adj.*, because.  
 dòigh, e, ean, *f.*, a manner.  
 dòirt, idh, eadh, *v.*, pour.  
 dorus, uis, sa(n), *m.*, a door.  
 dreathan-donn, *m.*, wren.  
 driuchd, an, *m*, dew.  
 dual, il, *m.*, duty, right, due.  
 dualach, *adj.*, hereditary, natural.  
 dubh, ibhe, *adj.*, black. [tion.  
 dùil, *f.*, supposition, expectation.  
 duilleach, ich, *f.*, foliage.  
 dùinidh, eadh, *v.*, shut, close.  
 ear, *m.*, the east.  
 eagal, ail, *m.*, fear.  
 éibhinn, *adj.*, delightful.  
 eilean, in, an, *m.*, an island.  
 éilid, éilde, ean, *f.*, a hind.  
 éirich, idh, *v.*, rise.  
 eòlas, ais, *m.*, knowledge.  
 eun, edin, *m.*, a bird.  
 fada, ide, *adj.*, long; *adv.*, far.  
 fad, aidh, adh, *v.*, kindle.  
 fàg, aidh, ail, *v.*, leave.  
 far, *adv.*, where.  
 farumach, aich, *adj.*, noisy.  
 fàs, fais, *m.*, growth.  
 fàs, aidh, *v.*, grow, become.  
 fàsach, aich, aichean, *f.*, a wilderness.

feadh, air feadh, *comp.*  
*prep.*, throughout.  
 feallsanach, aich, *m.*, a philosopher.  
 feuch, aidh, ainn, *v.*, see, try.  
 feud or faod, aidh, *v.*, may.  
 feum, aidh, *v.*, must.  
 fiadhaich, *adj.*, wild.  
 finealta, *adj.*, fine, pretty.  
 fìor-uisge, *m.*, pure water.  
 focal, il, *m.*, a word.  
 fodha, *prep.*, below; dol fodha, *setting*.  
 foghlumte, *adj.*, learned.  
 foighnich, idh, eachd, *v.* ask.  
 foillsich. ichidh, eachadh, *v.*, conceal.  
 fonn, tuinn, *m.* a tune, melody.  
 freagair, raidh, airt, *v.*, reply.  
 frìth, e, ean, *f.*, a forest, deer forest.  
 fuachd, an, *m.*, cold.  
 fuar, ire, *adj.*, cold.  
 fuaraich, idh, *v.*, make cold.  
 fuaran, ain, anan, *m.*, a well.  
 gabhaidh, ail, *v.*, take.  
 gagan, ain, *m.*, clucking.  
 gàire, *f.*, a laugh.  
 gaisgeach, ich, *m.*, a hero.  
 gamhainn, gaimhne, *m.* a year-old calf.  
 gann, gainne, *adj.*, scarce.  
 gaol, il, *m.*, love.  
 gaoth, ith, an, *f.*, wind.  
 gar, aidh, adh, *v.*, warm.  
 geumnaich, *f.*, lowing.  
 gille, an, *m.*, a lad.  
 glac, aidh, adh, *v.*, catch.  
 glan, gloine, *adj.*, clean.  
 glas, glaise, *adj.*, grey, green.

glé, *adv.*, very.  
 gleann, glinne, tan or taichean, *m.*, a glen, a valley.  
 glic, e, *adj.*, wise.  
 gliocas, is *m.*, wisdom.  
 gloc, *m.*, cackling.  
 glòir, *f.*, glory.  
 glòir-mhoir, e, *adj.*, glorious.  
 gluais, idh, ad, *v.*, move.  
 gniomh, a, an, *m.*, a deed.  
 gorm, guirme, *adj.*, blue, green.  
 gnùis, ean, *f.* a countenance.  
 gràdh, idh, *m*, love.  
 grèidh, e, ean, *f.*, a herd.  
 grinn, e, *adj.*, fine, elegant.  
 gu ruig, *prep.*, to, unto.  
 iar, *m.*, the west.  
 iarunn, inn, *m.*, iron.  
 idir, *adv.*, at all.  
 imich, idh, imeachd, *v.*, go.  
 iomadh, *adj.*, many a.  
 iongantach, aiche, *adj.*, wonderful.  
 iosal, isle, *adj.*, low.  
 innis, innsidh, se *v.*, tell  
 is, *conj.*, and; *v.*, is or are.  
 ith, idh, *v.*, eat.  
 labhair, labhraidh, labhairt, *v.*, speak.  
 langanaich, *part.*, bellowing.  
 lamb, imh, *f.*, a hand.  
 làthaireachd, *f.*, presence.  
 lathail, *adj.*, daily.  
 leanabh, *m.*, a child.  
 leig, idh, eil, *v.*, let; leig de, leave off, forsake.  
 leum, aidh, naich, *v.*, leap.  
 liath, aidh, adh, *v.*, become grey.

loisg, idh, losgadh, *v.*, burn.  
 lòn, aidh, adh, *v.*, fill, flow (of tide.)  
 lip, ean, *f.*, a lip.  
 lite, an, *f.*, porridge.  
 lóm, aidh, adh, make bare.  
 luch, an, *f.*, a mouse.  
 luchd, *m.*, people.  
 luidh, idh, *v.*, lie, set.  
 luigh, ean, *m.*, a herb.  
 machair, machrach, raichean, *f.*, a plain.  
 maide, an, *m.*, a stick.  
 maoisleach, ich, ichean, *m.*, a roe or doe.  
 maoth, *adj.*, tender.  
 mar, *adv.*, as.  
 mall, maille, *adj.*, slow.  
 mèilich, *f.*, bleating.  
 meadhon, oin, *m.*, middle, mid.  
 meangan, ain, an, *m.*, a twig.  
 meas, an, *m.*, fruit.  
 mèur, mèoir, ean, *f.*, a finger.  
 mial-chu, *m.*, a greyhound.  
 minic, *adv.*, often.  
 mìle, tean, *f.*, a mile; *adj.*, mil and n., a thousand.  
 miorbhuileach, ich, *adj.*, wonderful.  
 misg, e, *f.*, drunkenness.  
 moch, muiche, *adj.*, early.  
 moch-eiridh, early rising.  
 mol, aidh, adh, *v.*, praise.  
 mòran, *m.*, much, many.  
 mothaich, aichidh, achadh, *v.*, feel.  
 muir, mara, muirean, *f.* sea.  
 muillion, e, *m.*, a million.  
 mu'n cuairt, *adv.* about.

mu'n cuairt do, *prep.*, about.  
 nàdurach, *adj.*, natural.  
 nead, nid, an, *f.*, a nest.  
 nèamh, neimh, an, *m.* heaven  
 neo (*prefixed to Adjectives*),  
 not.  
 nochd, aidh, *v.*, show.  
 òg, òige, *adj.*, young.  
 òrd, ùird, an, a hammer.  
 òr-bhùì, golden yellow.  
 o's, *adv.*, since.  
 os cionn, *comp. prep.*, above.  
 òtrach, aich, aichean, *m.*, a  
 dunghill.  
 pillidh, eadh, or tinn, turn.  
 pòca, nnan, *f.*, a pocket.  
 poit, e, ean, *f.*, a pot.  
 prìseil, e, *adj.*, precious.  
 ràidhe, an, a season, a  
 quarter.  
 ràite, (ràdh), *part.*, saying.  
 raoir, an raoir, *adv.* last  
 night.  
 rathad, id, an, *m.*, a road.  
 réidh, *adj.*, clear, ready.  
 reòtaidh, *adj.*, frosty.  
 rìgh, rean, *m.*, a king.  
 rioghachd, *f.*, a kingdom.  
 riomhach, aiche, *adj.*, rich,  
 elegant.  
 ròs, an, *m.*, a rose.  
 roth, a, an, *m.*, a wheel, an  
 axis.  
 ruadh, a'dhe, *adj.* red, tawny.  
 ruadh-bhoc, ruadh-bhuic,  
*m.*, a roe-buck.  
 rud, an, *m.*, a thing.  
 samhradh, aidh, aidhean,  
*m.*, summer.  
 saoghal, ail, *m.*, the world.  
 saoil, idh, sinn, *v.*, suppose.

seachain, naidh, nadh, *v.*,  
 avoid.  
 sean, sine, } *adj.*, old.  
 seann, }  
 sealladh, aidh, aidhean, *m.*,  
 a view.  
 searg, aidh, adh, *v.*, wither.  
 sgaoil, idh, eadh, *v.*, spread.  
 sgiathach, *adj.*, winged.  
 sgeul, il or òil, *f.*, a story.  
 slàn, a, *adj.*, whole, healthy.  
 sleamhainn, *adj.*, slippery.  
 sliabh, sléibh, sléibhte or  
 tean, *f.*, a mountain.  
 sluagh, igh, sloigh, *m.*, a  
 people.  
 smuainich, idh, eachadh,  
*v.*, think.  
 snámh, aidh, *v.*, swim.  
 snuadh, idh, *m.*, hue.  
 soraidh, farewell.  
 spiorad, id, an, *m.*, a spirit.  
 starsnaich, e, ean, *f.*, a  
 threshold.  
 strìth, e, ean, *f.*, a strife.  
 suidh, idh, *v.*, to sit.  
 sùil, sùla, ean, *f.*, an eye  
 (*gen. pl. sùl*).  
 suilbhir, e, *adj.*, cheerful.  
 sunndach, *adj.*, lively.  
 taigh ortigh, ean, *m.*, a house.  
 taingealachd, *f.*, thankful-  
 ness.  
 talamh, ainn, an,  
*m.* (*Fem. in Gen. Case*),  
 the earth.  
 tanaich, idh, achadh, *v.*,  
 get or make thin.  
 teas, an, *f.*, heat.  
 teich, idh, eadh, *v.* flee.  
 thar, *prep.*, over.

till, idh, eadh, *v.*, return.  
 tionndaidh, idh, tionndadh,  
*v.*, turn.  
 tiodhlaic, acan, *m.*, a  
 gift.  
 tiormaich, idh, tiormachadh  
*v.*, dry.  
 tog, aidh, ail, *v.*, raise.  
 toisich, idh, toiseachadh,  
*v.*, begin.  
 toit, ean, *f.*, smoke, fume.  
 toll, tuill, *m.*, a hole.  
 traogh, aidh, adh, *v.*, subside.  
 treud, a or an, *f.*, a flock.  
 treig, idh, sinn, *v.*, forsake.  
 treud, a or an, *f.*, a flock.  
 trian, a, an, *f.*, a third.  
 tric, *adv.*, often.  
 trom, truime, *adj.*, heavy.  
 truagh, igh, e, *adj.*, miserable.  
 tuar, *m.*, colour, appearance.

tuath, *f.*, peasantry; the  
 north; *adj.*, north.  
 tuig, idh, sinn, *v.*, understand.  
 tuit, idh, eam, *v.*, fall.  
 tùrsach, aiche, *adj.*, sorrow-  
 ful.  
 tuthag, an, *f.*, thatch, patch,  
 cover.  
 uaine, *adj.*, green.  
 uair, e, ean, *f.*, an hour, a  
 time.  
 uallach, aich, *adj.*, proud.  
 uasal, uaisle, noble, genteel.  
 ubh or ugh, uighe, uighean,  
*m.*, an egg.  
 uile, *adj.*, and *n. m.*, all.  
 ùr, *adj.*, new.  
 ùrar, *adj.*, fresh.  
 urrainn, *adj.*, possible—used  
 with the Verb "is."

## DAYS OF WEEK.

Di-Dòmhnich	Sunday
La na Sàbaid	Sabbath
Di-luain	Monday
Di-màirt	Tuesday
Di-ciadaoin	Wednesday
Di-ardaoin	Thursday
Di-h-aoine	Friday
Di-Sathuirne	Saturday

## SEASONS.

Geamhradh	Winter
Earrach	Spring
Samhradh	Summer
Foghair	Autumn
Raidhe	{ Season
Bealtuinn	{ Three months
Samhuinn	Whitsuntide
	Martinmas

## NAMES OF FEMALES.

Ann	Anna
Catherine, Kate,	Caitriona, Ceat
Christina	Cairistiona
Elizabeth	Ealasaid
Flora	Fionnsghal
Grace	Giorsail
Helen	Eilidh
Isabella	Iseabal
Janet	Seònaid
Jane	Sine, Séana
Margaret	Mairearad
Marjory	Marsailidh
Martha	Moireach
Mary	Màiri
Sarah	Mór
Sophia	Beathag

## NAMES OF MALES.

Alexander	Alasdair
Allan	Ailean
Andrew	Aindrea
Angus	Aonghas
Archibald	Gilleasbuig
Charles	Tearlach
Dugald	Dùghall
Duncan	Donnchadh
Henry	Eanruig
Hugh	Uisdean
James	Seumas
John	Iain
Kenneth	Coinneach
Malcolm	Callum
Simon	Sim
William	Uilleam

## NAMES OF TOWNS.

Dun-èidionn	Edinburgh
Glaschu	Glasgow
Sruithla	Stirling
Peairt	Perth
Obair-eòhan	Aberdeen
Grianaig	Greenock
In'earnis	Inverness
An Eaglais Bhreac	Falkirk
Lununn	London
Bail-o-chiar	Dublin
An Ròimh	Rome
Baile na h-Aithne	Athens

## NAMES OF COUNTRIES.

Albainn	Scotland
Ehinn	Ireland
Sasunn	England
An Fhraing	France
An Olaind	Holland
Lochlainn	Norway
An t-Suain	Sweden
A'Ghearmailt	Germany
An Eadailt	Italy
An Spainn	Spain
An Tuirc	Turkey
A'Ghreig	Greece

## KEY TO EXERCISES.

## III.

Shoes. A cat's name. Places of cats. On a shoe. On a cat. On land. A poet's place. O poets! A cat's ear. Cats' ears. A lamb and a cat. With a name. With a shoe. With death.

## IV.

Cait. Tìrean. Bròig. Bhròg. Air àite. Air bròig. Aitean le ainmean. Bhàrd. Aite chat. Cluas bàird. Air tìr. Ainmean bhàrd. Le slait. Slatan. Cluasan bàird. Easan bhàrd. Mir tìre. Aite air tìr.

## V.

A day's work. A father's son. God's heart. Fathers and mothers. Sons of men. On a bed. A heart of flesh. Lands and towns. Water of a river. A deer's head. Hens' heads. O son! A brother's wife. A mother's sister. A son's wife. Women and men.

## VI.

Fiaclan chat. Leabhar bàird. Beul aimhne. Coin agus cait. Peathraichean agus braithrean. Lasraichean teine. Daoine agus mnathan. Aite athar. Oibre Dhé. Leabaidh aimhne. Teine agus uisge.

## VII.

God's greatness and goodness. Good men are on land. At a wedding. At weddings. A tall workman. Scotland's pipe. The sun is making brightness. Water of a river. A country's queen. A little male calf. Calves and dogs. Men of Scotland. A little tree's head. Of a little oak tree. At land. In a place. In the place. A man's head. Smiths are doing work. With light. With a wife. Good sisters. The sun is giving light. Warmth of a fire. Hair of a woman's head. A river's mouth.

## VIII.

Tha blàths agus soillse anns an tìr. Craobhagan. Ceann laigh. Anns an dùthaich. Lasraichean teine. Sùilean mna. Bòrdan agus teine. Ann an teine. Anns an teine. Tha darach ann an Alba. Anns an latha. Saighdear agus oibriche. A mhadainn. Mac peathar. Tha teine a tabhairt blàiths. Tha uisge anns an amhaian. Duine maith. Le solus maith. Ann an aite aig baile. Le peathar. Obair mathar.



The books of the man are on the table in the room. The light of the day is good for the eyes. In the works. The God of the fathers. The heart of the country. The clock was making a noise. The watches are in the man's coat. Coats are on the men in the town. The long rivers. The noise of the stream. Of the book. The book. The room. The sounds. For the rooms. For the hen. The light of the eyes. The morning. Of the morning. The rivers of the country. A dog's tooth. The teeth of the dogs. The teeth of the dog. The mouth of the dog. The work of the day. The father and the son. The sons of that man.

## X.

Uisge nan amhainn. An amhainn. Uisge na h-aimhne. Fiaclan a' choin. An sruth uisge. Còta an duine. Ceann na leapa. Fuaim na h-aimhne. Anns an t-sùil. Tha uisge na h-aimhne maith. Air na h-uisgeachaibh. Bha an cù anns an t-sruth. Bha an duine aig a' bhòrd leis na leabhraichean. Cath chon. Tha na tuiltean a' deanamh fuaim. The còta an duine air a' bhòrd. Bha an leabhar maith. Cridhe an athar agus cridheachan nam mac. Sruth soluis. Ceann an latha.

## XI.

The man of the large head. Is that country better than Scotland? The country is the better of the water. This woman was very ill. This river is longer and broader than the largest rivers that are in Scotland. Beloved brethren, a good man is stronger than a great man. The people of evil hearts. In the great floods of strong waters.

## XII.

Craobh ni's motha agus sruth ni's treise. Is fheàird an laogh so. Tha an dùthaich so mòr, tha an dùthaich sin ni's motha, ach is i Albainn a's motha. Aig a' bhaile sin tha sruth leathan. Is misd na feidh sin. Bha an obair ro dhuilich. Bha an t-oibriche a' deanamh droch fhuaim. An duine a's laidire agus a's fheàrr agus a' bhean a's boidhche agus a's ionmhuinne. A' bheil an leabhar mòr?

## XIII.

Is every sixth man good? There are many Scotchmen in that land. Twenty cats and nineteen dogs. At the third hour. The men who are in the first places in the town. Many a woman is better than the best men (men who are best). A hundred thousand strong men and many (much) people are in that town. On the third day nine workmen were making the river broader. At the first light of (the) day. There are 31 books on the table in that room. It is twelve o'clock. Good men are few in these towns. This man's sister was very ill at six o'clock. Eighty years.

Bha mòran sluaigh anns an àite sin air ceud la na bliadhna. Tha tri cheud tri fichead agus cuig laithean anns a' bhliadhna. Aig an t-seathamb uair. Anns an fhichead baile a's mò anns an dùthaich. Anns an t-seòmar bheag sin tha tri leapaichean, aon bhòrd, cuig cathraichean agus mòran leabhraichean. Naoi ceud deug agus ochd bliadhnaich. Tha mòran aimhnichean ni's fhaide na sin. Tha aimhnichean ni's lionmhoire anns an dùthaich sin. Bha craobhan tearc. Tha beagan chraobh anns a' bhaile. A' bheil dithis anns an uisge? Tha iad lionmhoir. Tha bailtean tearc anns an tìr sin.

## XV.

Is that man worse than you? I (myself) and my wife and my sister's son were in your father's house on that day. Who is making that noise? That is a man who will not do evil. The man and his coat. Every man who was strong. Whatever town. What evil is in thine heart? Those are my books. Those who were in the house were ill. That is the man who was thirty-eight years in the house of my father's brother. Water which was hot. Water that will not do good. All that are here. Our own work is here. Who art thou? I am a better man than thyself. What is this? This is a very difficult thing.

## XVI.

Bha m' ochdnar mhac anns na h-oibrich air an la sin. Dean so agus is fheàird thu e. Bha mòran chraobhan daraich anns an àite. Bha mi fein aig an taigh aig tri uairean. Tha sluaigh mò dhùthcha-sa ni's fheàrr na bhur sluaigh-sa. Bha sibh anns a' bhaile sud. Tha bean an duine tinn. Tha sinn glé lionmhoir ann ar baile-ne.

## XVII.

Are you ill? I am; are you (yourself) not? I am not very ill, but this other man is. Is it I who am ill? Were you saying that the flesh of a lamb is not as sweet as the flesh of a calf? I was not, but I was saying that it is not sweeter. Art thou the King of the Jews? In my Father's house there are many dwelling places. Do (the) good and do not (the) evil. Were you at your brother's house on that day? Who art thou who sayest (art saying) those things? If I had been there I would be worse than they. Will you be there? Is she to be at home on that day? If you are not to be there I will not be.

## XVIII.

Nach 'eil ise ni's boidhche na a piuthar? Bbiodh e ni's fheàrr. Bha i ag ràdh nach 'eil mòran nithe ni's fheàrr na sin. B'iodh iad an so aig naoi uairean anns a' mhadainn. Bha e a' deanamh nithe a's mò na iad so. Co iad? An ise a' tha a' deanamh an fhuaim ud? Bi thusa a' deanamh maith. Bha iad ag ràdh nach bitheadh e ni's fheàrr na mòran eile. Is mise a bha aig do thaigh. Nach bi mise an sin?

## XIX.

You are not better than himself. That wicked man struck the little calf. A good name is better than much wealth. Let there not be evil in thy heart. We were struck with many a blow. Who is knocking at the door? The floods smote upon the house, and it fell, and great was the fall of that house. He was smitten for men. If I shall be smitten, let me be smitten by the good man. The wicked man shall fall into many an evil, but God shall keep His own people. If thou wilt be doing good, goodness shall be in thy house, and brightness in thy dwelling-place. The house in which he was. The blow with which we were struck.

## XX.

Nach do bhuaileadh e anns a cheann leis an duine sin? Bha na fir so ag ràdh nach b' fheàird iad thusa. Cha 'n eil solus ann an àitibh-còmhnuidh an uile, ach tha solus Dhé air ceann an duine mhaith. Buailibh iad agus tuiteadh am baile. Nam biodh e air a bhualadh mar a bha mise, thuiteadh e. Thuit mìle ann an aon latha. Cha bhí solus na gréine an sin.

## XXI.

Is not that tree beautiful? (or, is not that a beautiful tree?) The good man is as a tree which grows by (at) the side of a river. The trees will drink of the water of the stream, and they will be glad; they will clap their hands (palms) and (they will) praise God. It is easier to swim against the water than with the stream. Give me water to drink. It was told me that thou wert the king of Israel. I love [see p. 44—is toigh] God because he will give me that which will be good for me. The beast swam away. God says (is saying)—Son, give me thine heart.

## XXII.

Ola' dh na laoi gh an t-uisge. Nach 'eil uisge maith airson laogh? Dh'inneadh domhsa gu'm bheil móran beathaichean ag òl uisge na h-aimhne so, agus nach fheàird iad e. Bha an seann duine ud ag ràdh gu'n d'fhàs a thri uain fein tina leis an uisge. Filleamaid ar còtaichean, agus fagamaid iad an so. Seachain an t-òlc, agus seachnaidh an t-òlc thusa. Nach creid thu an ni a ta mi ag innseadh duit? B'fhearr tuiteam anns a chath na ruith air falbh. Tha an duine sin 'g am sheachnadh. Cò e Dia gu'n creidinn e? Is e Dia a' thair nar uile.

## XXIII.

I would go to any place to hear that man. I was struck for the thing which another person has done. Have you seen yon big fat beast which is at this house? Do not say anything against the king. Give me your hand. He came to his own country, but his own people did not give him honour. Many of the beasts were found at the other side of the river.

## XXIV.

Thugadh e domhsa an ni a thug mi dhà. Nan abairinn ni sam bith theirinn mar thubhairt thusa. Tha mise a' dol air falbh agus cha'n fhaic sibh mi gu 's an tig mi ann an glòir m' Athar. Innsear ni glòir mhoir mu chathair ar Dé-ne. Agus thubhairt e, Tuiteam ann an làmh an Dhé, agus na tuiteam ann an làmh an dhaoine. Chunnadh e a' falbh agus a' fàgail an aite.

## XXV.

For the sake of the country. He is a good man compared with me. They went away with the calf. You are going against your father. Are they among us? You have a table there. There is nothing for these things but to do them.

## XXVI.

Thàinig e ré an latha. Chaidh e air sgath urrainn. An cuala tu am fuaim ud thar an amhainn? An d' thug thu ni sam bith air a chù sin? Tha am baile eadar na h-aimhnichean. Fhuaradh e air eigin.

## XXVII.

Who shall tell thy father that thou art not alive? He fell not without fame in the battle. Let not anything be said against the queen. Would it not be better for you to have this? What, said Ronan, do you see about Culmina, my lovely sweetheart? Give us to-day our daily bread. Let his left hand be according to the other hand. Among these men. Do not accuse me of that. And God saw the light that it was good. Keep the door of thy mouth in the house of God. Thou art in the presence of the King of kings. I heard from him that the queen's son is in a distant land.

## XXVIII.

Thoireadh i dhà gach ni a tha aice. Chì neach sam bith am maith a rinn e do shluagh an aite. Na nithe so uile thug mi duit, ach cìod a rinn thusa air mo shon-sa? Chunnac mi e a' dol do'n bhaile aig cuig uairean. Dh'innis mi duit ach cha chreideadh tu mi. Am measg an t-sluaigh so uile nach 'eil a h-aon a dh' innseas so dhomh? Tha solus na gréine againn ré an latha. Nach cluinnear a chliù airson so? Cha 'n abair eadh e ni òlc sam bith.

## XXIX.

Can you see? He does not like him at all. It was not natural for that beast to be beautiful. If you wish, go away. She was not able to see anything. Those men have much wealth. We do not care what may be. I owe that man much.

## XXX

Is toigh leam sin. Tha dùil againn. Bu chòir dà. Tha móran leabhraichean agam. Is cruaidh leam sin a chreidsinn. Bha cù aige. Dh'innis mi dhuit gu'n robh e coma dhà. Is aithne dhà ciod a tha e ag ràdh. Nach mithich dhuinn dol air falbh? Cha léir do'n t-sluagh an t-àite. Is beag orm an duine sin.

## XXXI.

In the beginning was the Word, and the Word was with God, and the Word was God. This same was at the beginning with God, All things were made by Him, and without Him there was not one thing made that was made. In Him was life, and the life was the light of men. Concerning him John said—Behold the Lamb of God! The eyes of the Lord are in every place, gazing on the bad men and the good men. Thus shalt thou say to him—Rejoice not (make not rejoicing) against the good man; though he should fall he shall rise again. I saw yesterday a thing which I never saw before, and which I shall never see (not see ever) again.

## XXXII.

Chunnaic tighearna na dùthcha ar bràthair agus mhol se e gu mór. Tha focal Dé maith, a' tabhairt gairdeachas d'asluagh, agus a' déanamh an cridheachan ait; cha chum e ni maith air bith uapa-san a ta a' creidsinn air 'ainm. Mo thruaighe, gu'm faicinn-sa an là? Air an taobh so agus air an taobh sin de 'n amhainn, bha craobh na beatha a' fàs. Eirich agus tiugainn air falbh, oir tha an la goirid. Déanamaid ar n-obair a nis ré an latha, oir thig an oidhche mu 'm bi ar n-obair deanta.




Ainm ruit = ano kaz  
eun = ovr  
toice = toime h  
teine = tan  
tigh = ti

tír  
= 1. aon  
= 2. dà  
= 3. trì  
4. ceathir  
5. cùig  
6. sè  
7. seacht  
8. ocht  
= 9. naoi  
= 10. deich  
= 100 ceud

cluas (skonn) f. klavag  
mì = me me - m  
i = hi do = da  
e = eir

Jobhainn = gov  
obair = oberenn  
caora = maout (of gair)  
cathain = koror  
an leabhar = levr  
cù = kù Conn (Kon)  
an duine = den - se  
mac = mab



an aibhinn = aren  
derach = derw  
maith = mat  
an laogh = leue  
cath = kad  
Bha (an babhan maith) da  
mòr = mair  
leathan = ledan  
ro = re (100 mair)  
droch = drook  
uan = oan  
dorus = dor  
ceid = kredi  
bas = boz (an doinn)  
lamb = lav  
mol = mairleudi  
an measg = e. mezk  
cli = kleiz  
beb = beo  
bragh = buez